

Comhairle Siorrachd Àir a Deas Plana Gàidhlig 2020 - 2025

Thathar air am plana seo ullachadh fo Earrann 3 d' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus chaidh aonta a chur ris le Bòrd na Gàidhlig air 27mh An Dàmhair 2020.



Facal-Toisich

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas air an Darna Plana Gàidhlig aice a chur ri chèile a rèir feumalachdan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha e a' mìneachadh mar a thèid sinn air adhart leis an obair a thòisich sinn ann an 2014 gus a' Ghàidhlig a thoirt air adhart agus mar a chleachdas sinn i air feadh na sgìre.

Tha rùn aig a' Chomhairle a' leantainn air leis an obair aige le Bòrd na Gàidhlig agus leis a' choimhearsnachd againn gus a' Phlana Ghàidhlig aice a thoirt gu buil a rèir Achd 2005.

Tha a' Chomhairle mothachail air cuideam na Gàidhlig don chultar agus don dualchas nàiseanta againn agus tha i a' cur fàilte air a' chothrom cur ri mothachadh agus cuideachadh gus cànan, dualchas is cultar na Gàidhlig a dhaingneachadh is a leasachadh don ghinealach a tha ann an-dràsta agus don fheadhainn ri thighinn.

Tha Plana Gàidhlig Chomhairle Siorrachd Àir 2020-2025 a' leigeil fhaicinn mar a bheir sinn an adhartas a chaidh a dhèanamh thar na còig bliadhnaichean a chaidh seachad air adhart, mar a chaidh mìneachadh ann an Aithisgean Adhartas Bliadhnail a' Phlana Gàidhlig 2014-17 againn ann an dòigh a tha an dà chuid co-rèireach agus buntainneach ri Siorrachd Àir a Deas. Tha am Plana a' mìneachadh mar a dh'obraicheas a' Chomhairle gus taic a thoirt air builean Plana Nàiseanta na Gàidhlig thar na còig bliadhnaichean ri teachd agus gus coinneachadh ri na dleastanasan againn ann an dòigh a sheallas air builean a nì cinnteach gum faic na coimhearsnachdan, luchd-ùidh agus com-pàirtichean againn an adhartas leantainneach againn gus Gàidhlig a leasachadh agus a chleachdadh.

Cuiridh Plana Gàidhlig na Comhairle ri àrdachadh ìomhaigh is follaiseachd na Gàidhlig air feadh na dùthcha agus na sgìre le bhith a' sgaoileadh deagh-chleachdaidh, goireasan

Gàidhlig agus ceanglaichean is lìonraidhean bhuidhnean saor-thoileach Gàidhlig. Cuiridh am Plana agus na gnìomhan na lùib ri Roinnleachd Co-ionannachd is Eugsamhlachd a' Chomhairle, a mhìnicheas an rùn a tha againn ris na prionnsabalan coitcheann mu chothrom na Fèinne, cho-ionannachd agus chòraichean daonna agus a dh'fheuchas ris na prionnsabalan seo a chur an gnìomh anns gach nì a nì sinn mar cheannard air a' choimhearsnachd, sholaraiche sheirbheisean, ùghdarras-foghlaim agus mar fhastaidhear.

Le bhith a' toirt a' Phlana Ghàidhlig againn a-steach ann an obair na Comhairle mu cho-ionannachd is eugsamhlachd, tha sinn mothachail air a' phrionnsapal mu spèis cho-ionann agus nì sinn cinnteach gun tèid an obair chudromach seo a sgaoileadh air feadh na Comhairle air fad.

Mar a thèid sinn tron slighe againn anns na h-ath còig bliadhnaichean, tha e mar amas aig a' Chomhairle leigeil fhaicinn tron Phlana seo san àm air thoiseach, gu bheil i a' luachadh na Gàidhlig agus na chuireas luchd na Gàidhlig ris na coimhearsnachdan againn agus a' dèanamh dealas gus tairgseadh beò a dhèanamh airson a h-uile seirbhis agus goireas dà-chànanach (Gàidhlig/Beurla).

Comhairliche Peter Henderson
Ceannard
Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Clàr-innse

1. Giorrachadh	4
2. Structar a' Phlana Ghàidhlig	5
Chapter 1	
3. Ro-ràdh	6
4. Aonta ris a' Phlana Ghàidhlig againn	6
5. Tuairisgeul air Comhairle Siorrachd Àir a Deas	7
6. Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas	9
Chapter 2	
7. Gealltanasan Bunaiteach	22
8. Ìomhaigh	23
9. Conaltradh	24
10. Foillseachaidhean	27
11. Luchd-obrach	29
Chapter 3	
12. Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig: a' toirt Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig gu buil	31
13. Togail a' Chànain	33
14. Cleachdadh a' Chànain	35
15. Inbhe a' Chànain	37
16. Corpas a' Chànain	38
Chapter 4	
17. Toirt gu Buil agus Dearnachadh	38
18. Fios thugainn	40

1 Giorrachadh

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail gu bheil Gàidhlig na cuid gu math bunaiteach de dhualchas, de ìomhaigh nàiseanta agus de bheatha chultarail na h-Alba. Tha rùn aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas ris na h-amasan am broinn Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig agus tha i air na ceuman is tionnsgnaidhean a tha a dhìth a chur an àite gus a dhèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig ann an Alba san ùine air thoiseach.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig cugallach agus ma thathar ri Gàidhlig a thoirt air ais mar chànan beò ann an Alba gum bi feum air oidhirp còmhla bhon riaghaltas, bho na roinnean poblach is prìobhaideach, bho bhuidhnean-coimhearsnachd agus bho luchd-labhairt gus:

- **cur ri inbhe na Gàidhlig;**
- **togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart;**
- **barrachd de chleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh..**

Thathar air Plana Gàidhlig Chomhairle Siorrachd Àir a Deas ullachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' nochdadh mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig ann an obrachadh nan dleastanasan againn, mar a

nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a thathar ann an conaltradh ris a' phoball is ri luchd-pàirteachaidh agus mar a chuireas sinn a' Ghàidhlig air adhart agus a leasaicheas sinn i tro cheuman iomchaidh a tha mothachail air dualchas a' chànan san sgìre agus mar a thathar ga cleachdadh innte an-dràsta fhèin.

Thathar air Plana Gàidhlig Chomhairle Siorrachd Àir a Deas ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail anns an Achd 2005, agus le mothachadh do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus don Stiùireadh air Cruthachadh nam Planaichean Gàidhlig.



2 Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is iad mìrean bunaiteach a' Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1: Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' toirt seachad fiosrachaidh mun eachdraidh agus mun t-suidheachadh a thaobh ullachadh nam Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar phrìomh raointean-obrach Chomhairle Siorrachd Àir a Deas. Tha i cuideachd a' toirt giorrachaidh air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig.

Caibideil 2: Gealltanasan Bunaiteach

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a chleachdas agus mar a cheadaicheas a Chomhairle cleachdadh na Gàidhlig nar cuid obrach. Tha i a' sealltainn air raointean-obrachaidh bhunaiteach mar ìomhaigh chorporra, soidhnichean, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' socrachadh na h-ìre as lugha de dh'ullachadh Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn a riarachadh ri linn don Phlana a bhith ann.

Caibideil 3: Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig: a' toirt Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig gu buil

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a chuidicheas a' Chomhairle gus Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a thoirt gu buil. Tha i cuideachd a' sealltainn mar a tha san amharc againn cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart ann an dealbhadh is libhrigeadh nan seirbheisean againn mar as iomchaidh.

Caibideil 4: Toirt gu Buil agus Dearcnachadh

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a thèid coileanadh a' Phlana Ghàidhlig againn a thoirt air adhart, agus mar a thèid coileanadh is toraidhean a dhearcnachadh.

3 Ro-ràdh

Ghabh Pàrlamaid na h-Alba ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba dham bheilear a' gabhail an aon spèis ris a' Bheurla.

Aonan de na mìrean bunaiteach ann an Achd 2005 is e an t-ullachadh a' cur air chomas do Bòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarras poblach Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a dhealbhadh gus a dhèanamh cinnteach gun cuidich an roinn phoblach ann an Alba ann

a bhith a' cruthachadh seasmhachd airson na Gàidhlig le bhith a' cur ri h-inbhe is ri h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Tha Achd 2005 a' toirt air buidhnean poblach ullachadh nam Planaichean Gàidhlig aca a thoirt do aire nan uile le ùidh sa chùis. Rinn Comhairle Siorrachd Àir a Deas co-chomhairleachadh air a' Phlana seo agus thug ais-mholadh bhon seo fios agus brath air an GLP làithreach.

4 Aonta ri Plana Gàidhlig Chomhairle Siorrachd Àir a Deas:

Thèid Plana Gàidhlig Chomhairle Siorrachd Àir a Deas a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aontachadh ro 27mh An Dàmhair.

5 Tuairisgeul air Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Sgìre Siorrachd Àir a Deas

Tha Siorrachd Àir a Deas ann an ceann an iar-dheas na h-Alba anns a bheil 422 de mhìltean ceàrnach (1,222 cilemeatairean ceàrnach). Tha an sgìre a' sìneadh bhon t-Sròn agus Symington sa cheann a tuath gu Baile na Tràgha agus Loch Rìoghaine sa cheann a deas. Is iad na bailtean as motha Inbhir Àir, Preastabhaig, An t-Sròn, Am Magh Baoghail agus Inbhir Gharbhain.

Le sluagh de 112,470¹, tha Siorrachd Àir a Deas ann an raon meadhanach ùghdarrasan ionadail na h-Alba a rèir àireamh an t-sluaigh agus meud an àite. Tha dùmhlachd-sluaigh Siorrachd Àir a Deas de 92 neach gach cilemeatair ceàrnach¹ nas ìsle na sgìreachdan Inbhir Àir a Tuath is an Ear taobh rithe, rud a nochdas gnè dhùthchail na sgìre.

Ann an 2039, thathar an dùil gun tuit sluagh Siorrachd Àir a Deas 2% an taca ri àireamh an t-sluaigh ann an 2014. Chan eil an t-atharrachadh seo air a sgaoileadh gu cothrom thairis air na buidhnean-aoise eadar-dhealaichte ge-tà. Thathar an dùil gun lùghdaich àireamh na h-òigrìdh (0 – 15 bliadhna) ann an Siorrachd Àir a Deas 7% agus àireamh an t-sluaigh an ceann cosnadh le 11%. Thathar an dùil, ge-tà gun èirich àireamh an t-sluaigh aig aois a' pheinnsein 21% mus bi 2039 ann. Nas cudromaiche fhathast, thathar an dùil gun èirich àireamh nan daoine aig aois 75 no nas sine le 82%. Mar thoradh air seo, thathar an dùil gun èirich an ìre de dh'èisimeileachd bho 60% ann an 2014 gu 96% ann an 2039². Math dh'fhaodte gun cuireadh seo an cèill le

sluagh a' fàs nas aosta is nas aosta agus àireamh an t-sluaigh òg a' dol sìos gur dòcha gum bi ceistean ann a thaobh cur ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha rùn aig a' Chomhairle, ge-tà, a bhith ma chuid de shealladh Bòrd na Gàidhlig anns an ùine fhada airson nan ùghdarrasan poblach ann an Alba a bhith mar phàirt den fhrèam nàiseanta mu dhealbhadh-cànain a chuireas taic ri leasachadh na Gàidhlig, gus ullachadh na Gàidhlig a mheudachadh ceum air cheum ri tìde an taobh a-staigh nan ùghdarrasan poblach – air cho doirbh agus a bhiodh sin.

Tha a' chuid as motha den fheadhainn a tha a' fuireach ann an Siorrachd Àir a Deas geal is Albannach aig 89.5% agus geal is Breatannach aig 7.0%³.

An taca ri mòran cheàrnaidhean eile ann an Alba, tha dùil san fharsaingeachd aig an fheadhainn a tha a' fuireach ann an Siorrachd Àir a Deas ri beatha nas fhaide (an 16mh a-mach à 32 Comhairlichean)⁴ agus ìrean nas ìsle de dh'eucoir agus dì-chosnadh⁵. Tha soirbheachadh-foghlaim anns an sgoil nas àirde na cuibheas na h-Alba⁶. Tha am fios as ùire bho Chlàr na h-Alba mu Easbhaidh lomdach ann an 2016 a' leigeil fhaicinn gu bheil coimeas mòr a thaobh beairteas choimhearsnachdan ann an sgìre Siorrachd Àir a Deas, le easbhaidh nach beag aig feadhainn agus feadhainn eile an ìre mhath beairteach. Tha tàbhachd aig a' Chomhairle còmhla ri Luchd-dealbhadh Coimhearsnachd an aon chothrom a thoirt dhan a h-uile duine gus am bi a' chàileachd-beatha as fheàrr a ghabhas aca.

¹ Clàran Nàiseanta na h-Alba, 2016 Tomhas Àireamhan-sluaigh Meadhan na Bliadhna

² Clàran Nàiseanta na h-Alba, Tuairmse Àireamhan-sluaigh (stèidhichte air 2014)

Airson fiosrachaidh air ainmean-àite Gàidhlig san sgìre, cleachdaibh an ceangal a leanas anns a bheil goireas le Iain Mac an Tàilleir air ainmean-àite. Mar eisimpleir: AÀA

AREA	Gaelic Name
South Ayrshire Council	Comhairle Siorrachd Àir a Deas
Troon	An Truthail
Prestwick Town	Baile Phreastabhaig
Ayr	Inbhir Àir
Girvan	Inbhir Gharbhain

<http://www.scottish.parliament.uk/gd/visitandlearn/40900.aspx>

Obrachadh Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Tha Comhairle Siorrachd mar aon de na 32 ùghdarrasan ionadail aonadach ann an Alba. Tha raon sheirbheisean an urra rithe, foghlam, obair shòisealta, rianachd-sgudail, inbhean dealbhaidh is togail, taigheadas ro-innleachdail, teachd-a-steach is sochairean, slàinte na h-àrainneachd, spòrs, cur-seachadan, na h-ealain is cultar agus dealbhadh-èiginn.

Tha a' Chomhairle air a dèanamh suas de 28 Comhairlichean air an taghadh gu h-ionadail a' toirt a-steach ochd uàrdan. Is e a' Chomhairle buidheann-riaghlaidh airson co-dhùnaidhean ann an Siorrachd Àir a Deas agus mar thùs nan cumhachdan tiomnaichte gu lèir do na Comataidhean ro-innleachdail, na Fo-chomataidhean, Co-chomataidhean le Comhairlean eile, Bùird (ach a-mhàin Bùird-cheadachaidh agus Bùird-dhealbhadh).

Tha Comataidhean na Comhairlean nam pannalan ainmichte. Is iad seo:

- Pannal Ceannais
- Pannal Sgrùdaidh is Riaghlaidh
- Pannal Chom-pàirteachasan
- Pannal nam Modhan Poblach
- Pannal Sheirbheisean is Dèanadais
- Pannal Suidheachadh/Measadh nam Prìomh Oifigearan
- Pannal Athchuinge (caochladh)
- Pannal Riaghlaidh
- Pannal nan Adhbharan Coitcheann
- Pannal Ath-bhreithneachaidh Ionadail
- Bòrd-ceadachaidh
- Comataidh Co-sheirbheisean Shiorrachd Àir
- Co-bhòrd airson Amalachas Slàinte agus Cùraim Shòisealta

³ Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011

⁴ Clàran Nàiseanta na h-Alba, Dùil-bheatha aig Breith, 2013-2015

⁵ Suirbhidh Bliadhna an t-Sluaigh slighe NOMIS, An Giblean 2016 – Am Màrt 2017

⁶ Ùghdarras Theisteanas na h-Alba slighe Riaghaltas na h-Alba 2015-16

Tha barrachd fiosrachaidh mu chruth is riaghladh na Comhairle ri fhaotainn air làrach-lìn na Comhairle tron cheangal a leanas:

<http://www.south-ayrshire.gov.uk/councillors/panels/>

Tha an obair a bhios a' Chomhairle a' dèanamh gus taic a chur ris an LOIP agus feumalachdan an luchd-fhuirich is an luchd-tadhail againn a thoirt a-mach ga nochdadh ann am Plana na Comhairle le Planaichean nam Buidhnean-stiùiridh a' toirt fios mu na dleastanasan sònraichte agus na planaichean-gnìomha aig seirbheisean, agus e ag èirigh às an t-sealladh agus às na luachan a tha aice.

Is e amas farsaing agus sealladh a' Chomhairle a bhith 'Ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean agus coimhearsnachdan gus beatha a chuir am feabhas ann an Siorrachd Àir a Deas'.

Gus an sealladh seo a ruigsinn, ainmich a' Chomhairle sia prìomhachasan ro-innleachdail:

- Ceannardas èifeachdail a bhrosnaicheas cothromachd

- Meudaich ìomhaigh agus cliù Siorrachd Àir a Deas agus a' Chomhairle
- Lùghdaich bochdainn agus mì-chothrom
- Dèan as motha den eaconamaidh ionadail
- Siostaman slàinte agus cùraim a thig ri feumalachdan an t-sluaigh
- Àrainneachd leasaichte tro gnìomhachasan sòisealta, cultarach agus eaconamach

Tha a' Chomhairle airson aire a thoirt air comas luach eaconamach na Gàidhlig dhan sgìre ionadail agus do eaconamaidh nàiseanta na h-Alba agus dh'fhaodar barrachd fiosrachaidh bho rannsachadh a chaidh a dhèanamh a lorg aig:

<https://www.hie.co.uk/research-and-reports/our-reports/2014/november/12/gaelic-research-ar-stòras-gàidhlig/>

Chì a' Chomhairle a' Phlana Gàidhlig seo mar a bhith a' cur ri obair mòr-chuid, co-ionannachd is iomadachd na Comhairle, gus Siorrachd Àir a Deas a dhèanamh na coimhearsnachd nas cothromaiche, nas fharsainge agus nas fhulanghaiche.

6 Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas

Comas Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas

Is e an ìre de shluagh Siorrachd Àir a Deas bho aois 3 suas a bhruidhneas Gàidhlig 0.4% (387 neach), agus tha comas Gàidhlig aig 0.7% (733 neach)³. Tha seo a leigeil fhaicinn ann an Siorrachd Àir a Deas gur h-e àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, mar cheudachd den t-sluaigh air fad, an 4mh as ìsle ann an Alba. Tha an clàr a leanas a' toirt fios ann am barrachd mionaideachd:



Clàr 1: Àireamh nan Daoine bho aois 3 suas aig a bheil Comas Gàidhlig ³

Comharradh	Siorr. Àir D (Àireamh)	Siorr. Àir D (%)	Alba (Àireamh)	Alba (%)
A' bruidhinn, a' leughadh is a' sgrìobhadh	213	0.2%	32,191	0.6%
A' bruidhinn ach chan eil a' leughadh no a'	134	0.1%	18,966	0.4%
A' bruidhinn is a' leughadh ach chan eil a'	40	0.0%	6,218	0.1%
Àireamh Iomlan nan Daoine aig Aois 3+ a Bhruidhneas Gàidhlig	387	0.4%	57,375	1.1%
A' leughadh ach chan eil a' bruidhinn no a'	213	0.2%	32,191	0.6%
A' leughadh ach chan eil a' bruidhinn no a'	134	0.1%	18,966	0.4%
Measgachadh eile de chomasan Gàidhlig	40	0.0%	6,218	0.1%
Àireamh Iomlan nan Daoine aig Aois 3+ le comas Gàidhlig (tuigse san àireamh)	733	0.7%	87,056	1.7%
Gun Chomas ann an Gàidhlig	108,805	99.3%	5,031,167	98.3%
A h-Uile Duine aig Aois 3+	109,538	100.0%	5,118,223	100.0%

A' sealltainn air comasan Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas sna 10 bliadhna a chaidh seachad (Clàr 2 gu h-ìseal), tha lùghdachadh air a bhith ann anns gach seòrsa ach a-mhàin àireamh nan daoine le tuigsinn air a' Ghàidhlig gu ìre air choreigin. Chuireadh seo an cèill gu bheil àrdachadh air a bhith ann air mothachadh air a' Ghàidhlig ach tha nas lugha de dhaoine comasach air conaltradh (bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh) a dhèanamh ann an Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas.

Is e an t-adhbhar ris an diofar seo eadar eòlas agus tuigse gu bheil a' cheist Ghàidhlig ann an ceisteachan Cunntas-sluaigh 2011 rud beag diofraichte ris a cheist Ghàidhlig ann an ceisteachan Cunntas-sluaigh 2001. Ann an 2001, chaidh iarraidh air luchd-freagairt cur an cèill an robh iad a' tuigsinn Gàidhlig **'air a labhairt'** agus ann an 2011,

chaidh iarraidh air luchd-freagairt an robh iad a' tuigsinn Gàidhlig.

Mar sin dheth, gus cur air chomas dhuinn coimeas a dhèanamh air an atharrachadh eadar 2001 agus 2011 den fheadhainn a nì conaltradh ann an Gàidhlig, dh'fhàg sinn às na daoine sin aig nach eil ach 'tuigse' air a' Ghàidhlig.

Tha Clàr 2 a' cur cuideim air an lùghdachadh air na daoine sin le comas ann am bruidhinn, ann an leughadh agus sgrìobhadh Gàidhlig bho 514 ann an 2001 gu 472 ann an 2011.


Tha suidheachaidhean an 472 de shluagh Siorrachd Àir a Deas a nì conaltradh ann an Gàidhlig (a' bruidhinn, a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig) gan toirt air a' mhapa gu h-ìseal:

Clàr 2: Coimeas eadar fios ann an Cunntas 2001 agus Cunntas 2011

Comharradh	Cunntas 2001	Cunntas 2011	Atharrachadh mar Cheudachd
Luchd-labhairt Gàidhlig*	423	387	-8.5
Luchd-leughaidh Gàidhlig*	339	311	-8.2
Daoine a sgrìobhas Gàidhlig*	221	213	-3.6
Daoine aig a bheil eòlas air Gàidhlig gu ìre air choreigin (bruidhinn, leughadh is sgrìobhadh anns an àireamh)	514	472	-8.2
Daoine aig a bheil eòlas air Gàidhlig gu ìre air choreigin (bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh agus tuigsinn anns an àireamh)	661	733	+10.9

* faodar daoine a chunntas barrachd is aon turas mar a thathar a' sealltainn ann an Clàr 1 gu h-àrd (a' bruidhinn, a' leughadh agus a' sgrìobhadh Gàidhlig)

Suidheachaidhean slugh Siorrachd Àir a Deas a nì conaltradh ann an Gàidhlig (a' bruidhinn, a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig).



6.2. Comasan Gàidhlig anns an ùghdarras phoblach:

Chan eil dreuchdan sam bith aig a' Chomhairle an-dràsta far a bheil cleachdadh na Gàidhlig na dhleastanas ainmichte, deatamach no ion-mhiannaichte.

Dh'aontaich a' Chomhairle, mar pàirt dleastanas aice gus stiùireadh Bòrd na Gàidhlig air leasachadh plana Gàidhlig a ruigsinn, ri modh-sgrùdadh a dhèanamh air sgilean cànan an luchd-obrach (a' gabhail a-steach na Gàidhlig) ann an 2016. Chaidh modh-sgrùdadh sgilean cànan an luchd-obrach a bhrosnachadh anns a' bhrath-naidheachd a-staigh agus bhrosnaich na Gaisgich Co-ionannachd pàrteachas taobh a-staigh na Buidhnean-stiùiridh aca. Chaidh am modh-sgrùdadh a dhèanamh thar ceithir seachdain agus chuir 102 luchd-obrach crìoch air an t-suirbhidh. Chaidh iarraidh air luchd-obrach sreath ceistean a lìonadh gus faighinn a-mach sgilean cànan a bharrachd sam bith a bh' aca an-dràsta (a' gabhail na

Gàidhlig a-steach) agus gus aithneachadh an cuid luchd-obrach a bha airson sgilean cànan a bharrachd ionnsachadh. Gus in-gabhaltas a h-uile neach-obrach a dhèanamh cinnteach, tha rian fo làimh airson cànan a bharrachd aithneachadh taobh a-staigh goireas fhèin-chleachdadh Oracle a' Chomhairle (far a bheil fiosrachadh an luchd-obrach, a' gabhail a-steach fiosrachadh fhèin-leasachaidh) nuair a thig e air smùid.

Mhothaich modh-sgrùdadh sgilean cànan an luchd-obrach gun robh tuigse bunaiteach air a' Ghàidhlig aig beagan luchd-pàrteachaidh agus gum biodh ùidh aca 'cuid abairtean shìmplidh' ionnsachadh. Bidh an cuid luchd-obrach aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig ionnsachadh a stiùireadh dhan 'Cùrsa Aire na Gàidhlig' air COAST agus gu Buidheann Còmhairle na Gàidhlig anns an leabhar-lann.



Suirbhidh Sgilean Cànan an Luchd-obrach 2016

'S e amas an t-suirbhidh sgilean cànan làithreach an luchd-obrach aithneachadh; feumalachdan no ùidh ann an sgilean cànan a leasachadh mhothachadh agus dòighean-ionnsachaidh annsa aithneachadh leis an fheadhainn a tha airson sgilean cànan a bharrachd fhaighinn. Fhreagair 102 neach-obrach an t-suirbhidh gu h-iomlan.

Gàidhlig

Q7. Nach innsibh ma 's urrainn dhuibh Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn.

Anns na 86 luchd-pàrteachaidh a fhreagair na ceist seo, bha sgilean leughaidh na Gàidhlig aig aonan, sgilean labhairt na Gàidhlig aig aonan agus tuisge bunaitich na Gàidhlig aig dithis.

Q8. Gu dè an ìre a smaoinichas sibh gum bu chòir cleachdadh na Gàidhlig a bhith leasaichte taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas?

Gu h-iomlan, smaoinich faisg air leth (40%) dhen luchd-pàrteachaidh nach bu chòir cleachdadh na Gàidhlig a bhith leasaichte taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas. Ach, smaoinich barrachd na trian (36%) gum bu chòir cleachdadh na Gàidhlig a bhith leasaichte rud beag ann an Siorrachd Àir a Deas. Smaoinich barrachd

na 20% (21%) gum bu chòir cleachdadh na Gàidhlig a bhith leasaichte gu ìre air choireigin agus smaoinich 3% gum bu chòir dha a bhith leasaichte gu ìre mhòr taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas.

Thug cuid luchd-pàrteachaidh adhbharan airson nam freagairtean aca (faicibh Word Cloud fodha) a chaidh roinneadh gu roinnean-seòrsa. Is e na roinnean-seòrsa aig an robh àireamh as motha freagairtean 'Buntanas Gàidhlig gu Siorrachd Àir a Deas' agus 'Cultar agus Dualchas'.

Chaidh pròiseas a' cho-chomhairleachaidh phoblaich airson Dreachd a' Phlana Gàidhlig 2017-2022 a dhèanamh thar ùine 7 seachdainean a' tòiseachadh 4mh an Dàmhair agus a' dùnadh air 22mh an t-Samhain 2017. Bha 448 freagairtean dhan cho-chomhairleachaidh bhon t-suirbhidh air loidhne. Cha robh àireamh mhòr sa cheud dhiubh ceangailte ri Dreachd a' Phlana Gàidhlig (DGLP). Bha àireamh sònraichte luchd-freagairt a' gabhail dragh mu cleachdadh goireasan làithreach gus an DGLP a chuir air bonn air sgàth 's na h-àireamhan ìosal luchd-labhairt, -sgrìobhadh agus -leughadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas. Bha cuid freagairtean ceangailte ri meudachadh cothroman ionnsachaidh airson seann dhaoine air sgàth 's na buaidhean slàinte ceangailte ri ionnsachadh cànan.



6.3 G Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas

Bhon fhoillseachadh a' Phlana Gàidhlig 2014-2017, cha robh iarrtas sam bith airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus mar sin chan eil clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas an-dràsta. Ach, an lùib Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 tha solarachadh a bheir còirichean do phàrantan agus am faod iad iarraidh air an Ùghdarras Foghlaim aca sgrùdadh a dhèanamh air an feum air Bun-foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus stèidhich Riaghaltas na h-Alba pròiseas airson pàrantan, le taic bho Stiùireadh Reachdail air Foghlaim na Gàidhlig air fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig. Far a bheil pàrantan ann an Siorrachd Àir a Deas a chuir iarrtas mar seo a-staigh, leanaidh Seirbheisean-foghlaim an Stiùireadh Reachdail.

Mar a chaidh mìneachadh ann an Aithisgean Adhartas Bliadhnail an GLP ,u dheireadh, chan eil solarachadh foirmeil Foghlam tro

Mheadhan na Gàidhlig ann an Seirbheisean-foghlaim Siorrachd Àir a Deas. A bharrachd air an ionnsachadh sgoile air a shealltainn fodha, furastaichidh Seirbheisean nan Leabharlannan buidheann saor-thoileach luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha a' coinneachadh gach seachdain ann an Leabharlann Charnegie ann an Àir.

Thathar a' solarachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig le Comhairle Siorrachd Àir an Ear agus tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' dèanamh ceangal ris an t-seirbhis seo nuair a tha feum ann. Thèid oileanaich a thoirt do Àrainn MacGilleBhàin, Cill Mheàrnaig, gus am faod iad teagasg foirmeil tro Mheadhan na Gàidhlig fhaighinn.

Thathar a' dèanamh ceanglaichean cuideachd le Comhairle Siorrachd Àir a Tuath gus obair leis an t-seirbhis ùr Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aca.

6.4 Foghlam anns an Sgoil

Chaidh an adhartas mòr a chaidh a dhèanamh anns na tri bliadhnaichean a chaidh seachad gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh taobh a-staigh obair nan cànan a bharrachd ann an sgoiltean Siorrachd Àir a Deas (mar a chaidh mìneachadh ann an Aithisgean Adhartas Bliadhnail an GLP) aithneachadh o chionn ghoirid le Sgrùdadh HMIE nam Bun-sgoil:

“Obair air cànanan eile

- *Tha clann aig a h-uile ìre ag ionnsachadh na Fraingis gu dìorrasach. Ann an P7, dh'aithnich clann diofar seòrsaichean aimsir agus b' urrainn dhaibh na faclan leughadh a-mach gu misneachail agus le blas iomchaidh. Bha cothroman aig a' chlann air fad Mandairinis ionnsachadh airson dà theirm gach bliadhna. Tha oileanaich nan cànan cèin a libhrigeas na clasaichean seo cuideachd a' leasachadh tuigse na cloinne air a' cultar Sìonach. Thòisich clann ann am P1/2 air Gàidhlig ionnsachadh. Tha planaichean ann gus teagasg na Gàidhlig a' sìneadh a-mach dhan a h-uile ìre san sgoil.”*

Às dèidh trèanadh agus leasachadh bunaitich comas agus misneachd nan tidsearan, obraichidh Seirbheisean-foghlaim na Gàidhlig air adhartas anns na roinn a leanas anns na còig bliadhnaichean ri teachd:

- A' cumail libhrigeadh na Gàidhlig taobh a-staigh bagaid Acadamaidh Banrigh Maighread, a thathar a' solarachadh an-dràsta le ceithir neach-obrach.
- Stèidhich ionnsachadh na Gàidhlig taobh a-staigh a' bhagaid Inbhir Gharbhain taobh a-staigh a' Phoileasaidh 1+2 airson clann ag ionnsachadh cànan.
- Solaraidh trèanadh gu luchd-obrach ann an Ionadan Tràth-bhliadhnaichean agus trèanadh a bharrachd airson luchd-obrach nam Bun-sgoiltean.
- A' toirt taic do libhrigeadh na Gàidhlig airson clann aig aois 2-5, an tòiseach ann an sgìrean airceas ann an Siorrachd Àir a Deas, a' dèanamh ceangal leis an obair leantainneach taobh a-staigh Ionadan Tràth-bhliadhnaichean ceangailte ri Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba (a' gabhail a-steach 850 clann aig aois 2-5 bliadhna an-dràsta). Tha seo a' solarachadh teachd-a-steach na Gàidhlig ann an solarachadh a tha ann an-dràsta anns na Ionadan Tràth-bhliadhnaichean.
- Thèid cothrom a thoirt do Ionadan Tràth-bhliadhnaichean tarsaing an ùghdarras gus pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh na Gàidhlig.

Gabhaidh brosnachadh na Gàidhlig ann an Tràth-bhliadhnaichean a-steach:

- Clann anns na suidheachaidhean Tràth-

bhliadhnaichean againn a' faighinn cothrom gus a' Gàidhlig rannsachadh tron cluich, sgeulachdan, ceòl agus ealain aca.

- Amas air pàirteachas nam pàrant/luchd-cùraim ann an gnìomhachasan gus an cuideachadh an eòlas agus tuigse aca fhèin leasachadh tron clann aca agus gus seo a glèidheadh san taigh.
- Leasachadh goireasan gus taic a thoirt do gnìomhachasan san taigh
- Cleachdadh nam meadhanan sòisealta gus gnìomhachasan agus tachartasan na Gàidhlig a bhrosnachadh
- Comas a thogail am measg luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean tarsaing an ùghdarras gus taic a thoirt dhaibh a bheil nas misneachail ann an cleachdadh na Gàidhlig bho latha gu latha, le taic bhon neach-obrach-siubhail nan tràth-bhliadhna.

Chaidh sreath ghoireasan a leasachadh gus an ìbhreachadh seo a toirt gu buil, a' gabhail a-steach:

Theanail Seirbhisean Ceòl Siorrachd Àir a Deas leabhar nan òran agus chlàr iad CD òrain agus ceòl airson cleachdadh ann an sgoiltean agus anns na h-Ionadan Tràth-bhliadhnaichean againn.

Chaidh goireasan teagasg nach eil stèidhichte air ceòl a leasachadh còmhla ri fille-chlàr air an cruthachadh le Jan Kersel (neach-oide GLPS) agus ri fhaighinn air an làrach-lìn Promethean.

Tha goireasan air loidhne a thèid an cleachdadh ann an sgoiltean bhon làrach-lìn Go-Gaelic (www.go-gaelic.scot), Learn Gaelic (www.learn-gaelic.scot), Gaelic 4

Parents (www.gaelic4parents.co.uk) agus Twinkl (www.twinkl.co.uk).

Is iad na làrach-lìn a thathar a' cleachdadh gus stiùireadh tidsearan, pàrantan agus sgoilearan.

Tha goireasan nach eil air loidhne, cruthaichte le Stòrlann, a' gabhail a-steach cairtean splang, bratan bhùird agus eadar-theangachaidhean Gàidhlig air Dear Zoo (A' Shutha Chòir) agus leabhraichean shìmplidh eile agus CDan, a' gabhail a-steach 'Baby Boom, Boom',

Rannan Cloinne anns a' Bheurla agus a' Ghàidhlig bho Little Linguist.

Taobh a-staigh tòrr de na sgoiltean againn tha soidhneadh/leubailean dà-chànanach

(Gàidhlig/Beurla) air a dhèanamh taobh a-staigh anns na seòmraichean-teagasg agus air feadh na sgoile.

Gus am faodar an obair seo lìbhrigeadh chuir Seirbheisean-foghlaim a-steach airson maoin eachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus chaidh maoin £12,000 fhaighinn airson 2017/18 agus gus an tèid goireasan a chleachdadh san dòigh as fheàrr bithear a' co-obrachadh le seirbhisean eile na Comhairle m.e. Cultar is Spòrs air tachartasan airson mothachadh a thogail. 'S e Mod ionadail airson clann aon dè na prìomh thachartasan Seirbheisean-foghlaim a thathar a' leasachadh an-dràsta.

6.5 Ionnsachadh air a Stèidheachadh anns a' Choimhearsnachd

Chan eil foghlam foirmeil Gàidhlig air a stèidheachadh anns a' choimhearsnachd an-dràsta. Chan eil de chomas aig Seirbheis Ionnsachaidh agus Leasachaidh Choimhearsnachdan tionnsgnadh ùr Gàidhlig sam bith a thoirt a-steach. Ach, nuair a tha e iomchaidh, gabhaidh an t-seirbhis an cothrom gus obair ann an com-pàirticheas leis an t-Seirbhis Cultar agus Spòrs agus Seirbheisean-foghlaim.

Tha ceanglaichean gu math stèidhichte aig a' Chomhairle ri Oilthigh Taobh an Iar na h-Alba, Acadamaidh Àir agus Acadamaidh Banrigh Maighread leis an goireas ionnsachaidh na Gàidhlig air an aon àrainn, agus thèid an cothrom a ghabhail beachdachadh air roghainnean mu obrachadh ann an com-pàirteachas gus a' Ghàidhlig a chur air adhart.

6.6 Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd

Is e Glaschu prìomh ionad buidhnean-coimhearsnachd agus imeachdan Gàidhlig fhathast, ach a bharrachd air Siorrachd Àir a Deas, tha tòrr gnìomhachas coimhearsnachd ann an sgìrean Comhairlichean Siorrachd Àir a Tuath agus an Ear cuideachd, anns am faod na coimhearsnachdan againn pàirt a ghabhail.

An-dràsta tha solarachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) ann an sgìre Comhairle Siorrachd Àir an Ear agus tha solarachadh GME ùr gu bhith fhosgladh ann an sgìre Siorrachd Comhairle Siorrachd Àir a Tuath.

Ri linn don Phlana a bhith ann obraichidh sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean-coimhearsnachd gus ceanglaichean a leasachadh agus math dh'fhaodte com-pàirteachas ann am pròiseactan a tha agus a bhios ann. Gabhaidh seo a-steach obair com-pàirteachaidh a stèidheachadh còmhla ri Com-pàirteachas an Ealain Siorrachd Àir a Deas agus Bòrd na Gàidhlig.

Bidh Seirbhis Cultar agus Spòrs a' Chomhairle a' beachdachadh air brosnachadh na Gàidhlig agus adhartas a' Phlana Gàidhlig aig na coinneamhan riaghailteach an sgioba Cultar agus Spòrs agus gabh gnìomhan a tha ann am beachd gu ruige seo a-steach:

- Ag obair còmhla ri òganaich gus goireas chorpóra a dheilbheadh agus a thogail gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh ri òganaich

ann an sgoiltean, a' choimhearsnachd air fad agus ann an leabhar-lannan.

- Mothachadh air a' Phlana Gàidhlig a dùisgeadh air tachartasan cultarail agus faothachaidh air feadh Siorrachd Àir.

A bharrachd air na tha ann gu h-àrd, nì an t-seirbhis sgrùdadh air tachartasan is tionnsgnaidhean a chuireas ri mothachadh le buidhnean saor-thoileach san sgìre.

Tha a' Chomhairle mothachail gur h-e cànan sònraichte a th' ann an Gàidhlig dha bheil spèis mar aonan de chànanan na coimhearsnachd aice. Airson daoine sa choimhearsnachd againn a dh'iarras eadar-mhìneachadh is eadar-theangachadh Gàidhlig, tha sinn a' cleachdadh farsaingeachd bhuidhnean an sàs ann an eadar-mhìneachadh is eadar-theangachadh, seirbheisean air fòn, air an lìon nam measg, a rèir nan ullachaidhean stèidhichte againn mu chànanan eile.



6.7 Gàidhlig anns a' Chomhairle

Cultar agus Spòrs

Tha Seirbheisean nan Leabharlannan a' toirt seachad cothrom an-asgaidh air an lìon do luchd-cleachdaidh nan leabharlannan agus cothrom air caochladh roghainnean ann am foghlam neo-fhoirmeil, m.e. <http://learngaelic.net/> Is e an Cybercentre (stèidhichte ann an leabharlann Charnegie) am prìomh Ionad-foghlaim agus tha e a' tairgse raon nas fharsainge de roghainnean ann am foghlam foirmeil is neo-fhoirmeil na na tha sna leabharlannan ionadail.

Ri linn a' Phlana seo leasaichidh Seirbheisean nan Leabharlannan solarachadh agus goireasan tha ann an-dràsta gus taic a thoirt do foghlam agus ionnsachadh, ealain, cultar agus dualchas na Gàidhlig. Am measg eisimpleirean tha:

- Cuiridh sinn piseach air stòras nan stuthan tro Mheadhan na Gàidhlig a th' againn ann an Leabharlannan Siorrachd Àir a Deas, a' gabhail a-steach stuthan airson ionnsachadh na Gàidhlig, m.e. faclair na Gàidhlig, gus coinneachadh ri iartasan airson stuthan tro Mheadhan na Gàidhlig anns an sgìre.
- Dh'obraichidh sinn air solarachadh Leabhraichean-dealain na Gàidhlig le luchd-solair nan leabhraichean-dealain againn.
- Nì sinn cinnteach gu bheil Pasgain Book Bug fhathast rim faotainn agus brosnachidh sinn iad le com-pàirtichean.
- Cumaidh sinn oirnn goireasan-fiosrachaidh Bòrd na Gàidhlig a thogail agus ùrachadh agus a sgaoileadh gu poblach ann an cruthan furasta tron Cyber Centre agus na 11 leabharlannan anns a bheil innealan air a bheil cothrom poblach.
- Thèid goireasan Gàidhlig a bharrachd ri fhaighinn ann an Àrd-sgoiltean tro Dòigh-rianachd nan Leabharlannan.
- Nì sinn oidhirp gus iartasan maoinachaidh a dhèanamh gus taic a thoirt do Luchd-labhairt na Gàidhlig ann an dol gu Club Còmhradh na Gàidhlig.
- Nì sinn oidhirp gus feasgaran ceòl na Gàidhlig solarachadh ann an Leabharlann Charnegie no Gailearaidhean Taigh Rozelle.
- Obraichidh Neach-stiùiriche nan Leabharlannan le co-obrachaidhean ann an Cultar agus Spòrs agus Seirbheisean-foghlaim gus taic a thoirt do cho-iomairtean agus tachartasan gus a' Gàidhlig a leasachadh, m.e. toirt a-steach daoine bho Sgoil na Pìobaireachd Glaschu agus Britheamhan am Mòd Nàiseanta a bhios comasach bùithtean-obrach ann am pìobaireachd agus seinn a stiùireadh (an dà chuid chòisirean agus seinneadairean fa leth).
- Nì Leabharlannan cinnteach gum bi cothrom air fiosrachadh a thathar a' toirt seachad ann an cànanan eile an-dràsta sa Ghàidhlig cuideachd.
- Bidh seirbheisean nan taigh-tasgaidh a' toirt air adhart cur a-steach na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean sheasmhach is shealach a' Chomhairle agus air bileagan is fiosrachadh air cruinneachaidhean, a; gabhail a-steach taisbeanadh Thòmais Seannasair leis eadar-theangachadh na Gàidhlig aig taigh Rozelle agus Gailearaidhean MhicLabhrainn ann an Allmhaigh.
- Beachdaichidh sinn air ciamar am faodar Gàidhlig a bhrosnachadh aig Gailearaidhean Taigh Rozelle ann an Allmhaigh agus Institiud MhicEachairne ann an Inbhir Gharbhain, ann an co-obrachadh le Oifigear Ealain agus Cultar na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig.
- Obraichidh sinn gus ceòl agus oirfideas na Gàidhlig ann am fios mu thachartasan far a bheil ceòl iomchaidh agus thèid fios fhoillseachadh mu tachartasan cultarach agus fèisean ciùil traidiseanta aig ìre nàiseanta

Luchd-obrach

Leasaichidh a' Chomhairle an cliù a th' aice mar Fastaiche Taghte le bhith stèidheachadh siostaman agus dòighean-obrach a sheallas spèis co-ionann ri luchd-iarrtas aig a bheil a' Gàidhlig agus a' Bheurla.

Lìon 102 luchd-obrach gu h-iomlan modh-sgrùdadh sgilean cànan ceangailte ri sreath cànanan coimhearsnachd, Gàidhlig agus Cànan Soidhnidh Bhreatainn nam measg. Chaidh iarraidh air luchd-obrach sreath ceistean a lìonadh gus faighinn a-mach sgilean cànan a bharrachd sam bith a bh' aca an-dràsta (a' gabhail na Gàidhlig a-steach) agus gus aithneachadh an cuid luchd-obrach a bha airson sgilean cànan a bharrachd ionnsachadh. Thèid toraidhean an t-suirbhidh a chuir ri pròifil fa-leth gach neach-obrach air a' ghoireas fhèin-chleachdaidh Oracle (faicibh para. 6.2.2).

Bidh an cuid luchd-obrach aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig ionnsachadh a stiùireadh

dhan 'Cùrsa Aire na Gàidhlig' a' BhBC air ùrlar ionnsachadh-d a' Chomhairle COAST agus gu Buidheann Còmhraidh na Gàidhlig anns an leabhar-lann Charnegie tro brath-naidheachd an luchd-obrach.

Tha Fòram Co-ionannachd agus Eugsamhlachd na Comhairle a' gabhail a-steach riochdairean thaghte bho gach buidheann poiliteagach agus thèid coinneamhan a chumail dà thuras sa bhliadhna le lionradh nan Gaisgeach Co-ionannachd. Tha Gaisgich Co-ionannachd a' toirt taic agus fiosrachadh do co-obraichean nam Buidhnean-stiùiridh air a h-uile cùis co-iomadachd agus eugsamhlachd. Tha an dà bhuidheann seo air a bhith an sàs gu mòr ann an leasachadh, cur air adhart agus cur an gnìomh a' Phlana seo agus nì iad cinnteach gu bheil an dà chuid ceannardas agus luchd-obrach an sàs gu mòr ann an libhrigeadh.

Seirbheisean Luchd-chleachdaidh - Seirbheisean Laghail agus Deamocratach

Tha rùn aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas seirbheisean den chiad ìre a thoirt do luchd-cleachdaidh. Bidh sinn a' cur luach air gach beachd is gearan a gheibhear agus a' cleachdadh fios bhuapa a chuidicheas rinn gus leasachadh a thoirt air ar cuid sheirbheisean. Faodar gearanan a dhèanamh ann an dòigh sam bith den fheadhainn a leanas:

- A' cleachdadh Foirm nan Gearanan air an Lìon
- Post-dealain gu bogsa "Ag Èisteachd Ribh"
- A' dol a-steach ann am fear de na h-ionadan Seirbheisean Luchd-chleachdaidh
- A' cur fòn gu Sgioba Seirbheisean Luchd-chleachdaidh againn
- Ann an sgrìobhadh

Bheir a h-uile gin de na modhan seo an cothrom

an-dràsta fios a chur don Chomhairle agus freagairt fhaighinn ann an Gàidhlig le iarrtas mar a tha le gach cànan sa choimhearsnachd. Cha tàinig gearan sam bith a-staigh dhan Chomhairle anns a' Ghàidhlig no air a bheilear feum airson freagairt Ghàidhlig.

Cuideachd, an taobh a-staigh Ionadan ùra Seirbheisean Luchd-chleachdaidh na Comhairle, a tha mar mheadhan gus cothrom fhaighinn air seirbheisean na Comhairle, tha sgàileanan-telebhisein a-nis agus cleachdaidh sinn am meadhan seo gus cur ri mothachadh mun phlana-chonaltraidh againn. Tha an ìrean àird de thadhal air na h-ionadan seo gar cuideachadh gus beantainn ris na coimhearsnachdan againn agus cur ri mothachadh air Gàidhlig le bhith a' cur bhileagan-fiosrachaidh agus ghoireasan nam broinn.

6.8 Gàidhlig agus Com-pàirtichean Bunaiteach

Gus a dhèanamh cinnteach gun toir sinn a' bhuannachd as fheàrr às na goireasan a tha ann an-dràsta, eòlas is fiosrachadh gus a' Ghàidhlig a chur air adhart nam measg, obraichidh sinn leis na com-pàirtichean bunaiteach againn. Tha sinn mothachail gun deach àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig sìos san sgìre seo thar bliadhnaichean agus tha airidh ann an dèanamh cinnteach, cho fad agus is urrainn dhuinn, gun tèid mothachadh air a' Ghàidhlig a thogail thar ùine a' phlana seo leis a' Chomhairle agus taobh a-staigh buidseadan làithreach.

Tha seo a' gabhail a-steach aontachadh fhoirmeil a dhèanamh le Comhairlichean Siorrachd Àir a Tuath agus an Ear a thaobh inntigeadh ro Bun-fhoghlam tro Meadhan na Gàidhlig. Bhiodh an com-pàirteachas seo a' toirt cead-inntigidh do na sgoilearan againn ann an Siorrachd Àir a Deas airson GMPE gus am bi iartas gu leòr no bho phàrantan airson seo.

Tha Ospadal-oilthighe Àir, NHS Siorrachd Àir & Arainn air luchd-labhairt na Gàidhlig a tharraing thar bliadhnaichean airson trèanadh agus obair agus tha e a' tabhachadh cothrom gus ceanglaichean a bharrachd a dhèanamh ann an obair com-pàirteachaidh ri linn a' phlana seo.

Am measg nan com-pàirtichean bunaiteach againn tha:

- Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- Comhairle Siorrachd Àir an Ear
- NHS Siorrachd Àir is Arainn
- Bòrd-amalachaidh Siorrachd Àir a Deas

- Poileas Alba
- Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba
- Oifis Procadair a' Chrùn Bòrd-luachaidh Siorrachd Àir
- Gnìomh Saor-thoileach Siorrachd Àir a Deas
- Oilthigh Taobh an Iar na h-Alba
- Colaiste Siorrachd Àir
- Fòram Co-ionannachd is Eugsamhlachd Siorrachd Àir a Deas



7 Gealltanasan Bunaiteach

San stiùireadh reachdail aige air Cruthachadh nam Planaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gur h-e cruthachadh an t-suidheachaidh iomchaidh agus Gàidhlig a chleachdadh anns an t-saoghal phoblach aonan de na mirean as

bunaitiche ann an ùrachadh-cànain. Tha am Bòrd air ceithir raointean bunaiteach ann an lìbhrigeadh sheirbheisean a tha e ag iarraidh air ùghdarrasan poblach aghaidh a thoirt air nuair a bhios iad ag ullachadh nam Planaichean Gàidhlig aca:-

Ìomhaigh	Conaltradh	Foillseachaidhean	Luchd-obrach
<ul style="list-style-type: none"> • Ìomhaigh Chorporra • Soidhnichean 	<ul style="list-style-type: none"> • Fàilteachadh • Fòn • Litrichean agus post-dealain • Foirmean • Coinneamhan Poblach • Modh-obrach Ghearanan 	<ul style="list-style-type: none"> • Dàimh phoblach agus na meadhanan • Stuth ann an clò • Làraichean-lìn • Taisbeanaidhean 	<ul style="list-style-type: none"> • Trèanadh • Ionnsachadh-cànain • Fastadh • Sanasachd

Bheir an earrann seo den phlana gealltanasan bunaiteach Comhairle Siorrachd Àir a Deas mu Stiùireadh a' Bhùird air "Cruthachadh nam Planaichean Gàidhlig".

Tha gach gealltanas ga thoirt mar a leanas:

- Fiosrachadh mu na cleachdaidhean a tha ann an-dràsta
- Raointean-leasachaidh bhunaiteach
- Targaidean
- Raon-ama
- Oifigear an Urra

A bharrachd air seo, tha rùn aig Bòrd na Gàidhlig Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba a thoirt gu buil agus tha an earrann seo cuideachd a' nochdadh mar a chuidicheas Comhairle Àir a Deas le cur an gnìomh le bhith a' comharrachadh dè na h-Amasan Ro-innleachdail a thèid a chuideachadh anns a' Phlana seo. Is iad Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba:

- Nas Beairtiche & nas Cothromaiche
- Nas Sgiobalta
- Nas Fhallaine
- Nas Sàbhailte & nas Làidire
- Nas Uaine

8 Ìomhaigh

Cion-fàth: Bidh Gàidhlig san ìomhaigh chorpóra agus sna soidhnichean aig ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànan, a' cur ris an inbhe a tha aice agus na aithris chudromach a thaobh mar a bheirear luach is spèis don Ghàidhlig. Faodaidh leasachadh na Gàidhlig tro shoidhnichean faclair luchd na Gàidhlig a shaidhbhreachadh, cur ri mothachadh poblach mun chànan agus cuideachadh gus a leasachadh.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail air cho cudromach agus a tha e cur ri faicsinneachd is inbhe na Gàidhlig.

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
-----------------	----------	------------	----------------	------------------	----------

Ìomhaigh Chorpóra:

Ìomhaigh Chorpóra:	Chan eil poileasaidh aontaichte aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns an ìomhaigh chorpóra aice.				
Prìomh raointean-leasachaidh	Cruthaichidh sinn poileasaidh airson cleachdadh na Gàidhlig san ìomhaigh chorpóra.	Comhairle air aonta a chur ri Sgrìobhainn-poileasaidh	Sgrìobhainn-poileasaidh aontaichte air fhoillseachadh air làrach-lìn na Comhairle.	Poileasaidh agus Dèanadas	An t-Sultain 2020
	Thoir a' Ghàidhlig a-steach ann an strapagan post-dealain.	Teimplaidean post-dealain gus a bhith air an cruthachadh le strapag Ghàidhlig	Strapag Ghàidhlig ga cleachdadh	Poileasaidh agus Dèanadas	Leantainneach 2020-2021 air adhart

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
-----------------	----------	------------	----------------	------------------	----------

Soidhnichean (taobh a-staigh agus a-muigh):

Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Àir a Deas mu chleachdadh na Gàidhlig sna cuid shoidhnichean.				
Prìomh raointean-leasachaidh	Thèid Seirbheisean nan Rathaidean Comhairle Siorrachd Àir a Deas a thoirt seachad le Caidreachas Rathaidean Siorrachd Àir, le stiùireadh bho Chomhairle Siorrachd Àir an Ear. Thèid Gàidhlig a thoirt a-steach gu soidhnichean rathad nuair a thèid an ùrachadh, a' nochdadh spèis cho-ionann.	Mar a dh'iarrar	Gàidhlig ann an soidhnichean rathaid	Caidreachas Rathaidean Siorrachd Àir	Leantainneach 2020
	Bheir sinn a-steach cleachdadh thiotalan dà-chànanach airson fèisean Gàidhlig agus iomairtean air an stiùireadh no air am maoinneachadh leis a' Chomhairle, a' nochdadh spèis cho-ionann ris na cànanan.			Cultar agus Spòrs, Buidhnean-stiùiridh	2020

Amasan Ro-innleachdail air a bheilear a' bualadh

Nas Beairtiche & Nas Cothromaiche Nas Sgiobalta
Nas Fhallaine Nas Sàbhailte & Nas Làidire Nas Uaine

9 Conaltradh

Cion-fàth: Bidh cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre aig an dèan poball ceangal ri ùghdarras poblach a' cur ris an uimhir den chànan a chithear is a chluinnear, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil fàilte air a' Ghàidhlig. A bharrachd air togail inbhe a' chànan, bidh e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus beannachdan sìmplidh a chleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus beannachdan Gàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a dèiligeadh ris an ùghdarras phoblach an dèidh sin. Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras ann an litrichean, ann am post-dealain agus air fòn cudromach gus cothroman practaigeach a chruthachadh gus an cànan a chleachdadh agus cur ri faireachdainn gu bheil i comasach a bhith ga cleachdadh. Faodaidh a' Ghàidhlig

a bhith ann an raon farsaing de dh'fhoirmean dà-chànanach agus foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri faicsinneachd is inbhe a' chànan cuideachd. Faodaidh ullachadh foirmean, iarrtasan agus sgrìobhainnean eile ann an Gàidhlig cuideachadh cuideachd gus an ìre de bhriathrachas a leudachadh agus mothachadh luchd na Gàidhlig mun bhriathrachas sin, rud a chuidicheas ri leasachadh a' chànan fhèin.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail air cho cudromach agus a tha e cothroman a chruthachadh gus a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu practaigeach ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo.

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
Fàilteachadh:					
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' dèanamh ullachaidh sam bith airson na Gàidhlig ann an àrainnean-fàilteachaidh.				
Prìomh raointean-leasachaidh	Thèid soidhnichean-fàilte ann an Ionadan-foghlaim ùra a' toirt na Gàidhlig a-steach, a' nochdadh spèis co-ionann ri Gàidhlig agus Beurla.	Gàidhlig air soidhnichean-fàilte anns gach ionad-foghlaim ùr	Gàidhlig air soidhnichean-fàilte an alt anns gach Ionad-foghlaim	Seirbheisean-foghlaim	Leantainneach agus 2020 air adhart
	Thèid soidhnichean-fàilte ann an Togalaichean na Comhairle, nuair a thathar gan ùrachadh, atharrachadh gus Gàidhlig a thoirt a-steach.	Soidhnichean-fàilte ann an Gàidhlig ann am prìomh Thogalaichean na Comhairle	Soidhnichean-fàilte ann an Gàidhlig ann an Togalaichean na Comhairle	Buidhinn-stiùiridh an Àite	2020 - 2025
	Thoir a-steach eòlas mun Ghàidhlig ann an goireas Telebhisein Ionadan Sheirbheisean Luchd-chleachdaidh agus ionadan-feitheimh	Eòlas mun Ghàidhlig ri fhaotainn ann an Ionadan Sheirbheisean Luchd-chleachdaidh air fad	Eòlas mun Ghàidhlig ri fhaotainn ann an Ionadan Sheirbheisean Luchd-chleachdaidh	Seirbheisean Luchd-obrach agus Luchd-chleachdaidh	2020 air adhart

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
Litrichean agus Post-dealain:					
Cleachdadh an-dràsta	Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' toirt a-steach Gàidhlig mar phàirt de na h-ullachaidhean aice mu chànanan eile, nuair a thèid conaltradh eadar-theangachadh air iarrtas a' toirt a-steach freagairt litrichean is post-dealain ann an Gàidhlig.				
Prìomh raointean-leasachaidh	Cumaidh sinn oirnn a bhrosnachadh cleachdadh tiotalan-obrach agus soidhnigeadh post-dealain dà-chànanach airson luchd-obrach le Gàidhlig san raon-dleastanais aca agus airson luchd-obrach eadarail a' cur taic ri foghlam Gàidhlig.	Cleachdadh tiotalan-obrach agus soidhnigeadh post-dealain dà-chànanach airson luchd-obrach le Gàidhlig san raon-dleastanais aca agus airson luchd-obrach eadarail a' cur taic ri foghlam Gàidhlig.	Àireamh luchd-obrach a' cleachdadh tiotalan-obrach agus soidhnigeadh post-dealain dà-chànanach	Seirbheisean-foghlaim	2020 - 2025
	Às dèidh aonta bhon Chomhairle, bidh luchd-obrach air fad a' cleachdadh tiotalan-obrach agus soidhnigeadh post-dealain dà-chànanach	Cleachdadh tiotalan-obrach agus soidhnigeadh post-dealain dà-chànanach airson luchd-obrach air fad signatures for all staff	Àireamh luchd-obrach a' cleachdadh tiotalan-obrach agus soidhnigeadh post-dealain dà-chànanach	Buidhnean-stiùiridh & Seirbheisean-foghlaim	2020 - 2025
Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
Foirmean:					
Cleachdadh an-dràsta	Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' toirt a-steach Gàidhlig mar phàirt de na h-ullachaidhean aice mu chànanan eile, nuair a thèid Foirmean eadar-theangachadh air iarrtas.				
Prìomh raointean-leasachaidh	Sgoiltean ri foirmean is stiùireadh mu lìonadh a-steach eadar-theangachadh air iarrtas **	Mar a dh'iarrar	Thèid gach iarrtas eadar-theangachadh a choileanadh	Seirbheisean-foghlaim	leantainneach
	Seirbhisean ri foirmean is stiùireadh mu lìonadh a-steach eadar-theangachadh air iarrtas agus dèanamh cinnteach gun tèid an solarachadh seo a bhrosnachadh	Thèid fios mu fhoirmean a dh'iarrar a chur ri chèile gus cuideachadh ri dealbhadh sheirbheisean	Thèid gach iarrtas eadar-theangachadh a choileanadh	Buidhnean-stiùiridh & Seirbheisean-foghlaim	leantainneach

** Tha fios mu chothrom air fiosrachadh mu sgoiltean ann an cruthan eile ga fhoillseachadh ann an leabhran-làimhe nan sgoiltean.

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
-----------------	----------	------------	----------------	------------------	----------

Coinneamhan Poblach:

Cleachdadh an-dràsta	Chan eil Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' dèanamh ullachaidh gu gnàthach airson gach cànan sa choimhearsnachd aig coinneamhan poblach, ach nuair a thèid seirbheisean eadar-mhineachaidh iarraidh, thathar gan toirt seachad, m.e., Eadar-mhineachadh Cànan Chomharraidhean Bhreatainn.				
Priomh raointean-leasachaidh	Aig coinneamhan poblach aig am buineadh an cuspair gu prìomhach do Ghàidhlig agus luchd Gàidhlig ann a dh'iarraidh eadar-mhineachadh Gàidhlig, rachadh eadar-mhìnichear Gàidhlig.	Bheireadh coinneamhan poblach uile aig am buineadh an cuspair gu prìomhach do Ghàidhlig eadar-theangachadh seachad nan rachadh a leithid iarraidh le luchd-pàrteachaidh.	Measaidhean air coinneamhan	Buidhnean-stiùiridh & Seirbheisean-foghlaim	Leantainneach
	Thèid fios mu thachartasan Gàidhlig a thoirt do bhuidhnean-coimhearsnachd Gàidhlig.	Cuireadh do bhuidhnean-coimhearsnachd do gach tachartas Gàidhlig.	Gach buidheann-coimhearsnachd Gàidhlig air liosta-sgaoilidh fiosrachaidh thachartasan.	Seirbheisean-fhoghlaim agus Seirbhis Cultar agus Spòrs	Leantainneach

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
-----------------	----------	------------	----------------	------------------	----------

Modh-obrach Ghearanan:

Cleachdadh an-dràsta	Mar a tha le gach cànan sa choimhearsnachd, tha a' Chomhairle a' toirt a' chothruim an-dràsta fios a chur agus freagairt fhaighinn anns a' Ghàidhlig air iarrtas.				
Priomh raointean-leasachaidh	Clàraichidh a' Chomhairle àireamh nan gearanan a gheibhear anns a' Ghàidhlig mar thaic ris an Dleastanas Shònraichte mu Ch-ionannachd againn fiosrachadh a thional agus a chleachdadh gu libhrigeadh nas fheàrr de sheirbheisean a thoirt seachad.	Thèid gach gearan a gheibhear anns a' Ghàidhlig a fhreagairt anns a' Ghàidhlig.	Àireamh nan gearanan a gheibhear anns a' Ghàidhlig	Seirbheisean Laghail agus Deamocratach	2020 agus leantainneach

10 Foillseachaidhean

Cion-fàth: Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò cuideachadh ri leasachadh na Gàidhlig air caochladh dhòighean. Bidh e a' cuideachadh gus an uimhir dan chànan a chithear a leasachadh, bidh e a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean farsaing agus is urrainn dha cuideachadh gus briathrachas ùr a chruthachadh agus briathrachas a tha ann an-dràsta a neartachadh. Bidh cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh gus rùn ùghdarras phoblaich cuid de dh'fhiosrachadh a chur a-mach ann an Gàidhlig a shealltainn;

a bharrachd air cur ri faicsinneachd is inbhe a' chànan. Mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh a bhith a' dèanamh ullachaidh airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is faicsinneachd a' chànan.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' gealltainn cur ri cleachdadh na Gàidhlig anns na raointean seo far a bheil ùidh aig a' phoball anns an fharsaingeachd no nuair a bhios e ceangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig. interest to the general public or relates specifically to Gaelic issues.

Mìr-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
Dàimh Phoblach agus na Meadhanan:					
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas mu sgoileadh fios-naidheachd ann an Gàidhlig.				
Prìomh raointean-leasachaidh	Sanasaich soirbheachadh is tachartasan Comhairle ceangailte ri agus nach eil ceangailte ri Gàidhlig, Foghlam, Ealain is Cultar agus beatha na coimhearsnachd nam measg	Cothrom air stuth-sanasachd air Làrach lìn is eadra-lìn na Comhairle, gu dà-chananach cho tric 's a tha iomchaidh	Àireamh nan alt air cur air adhart is soirbheachadh Gàidhlig	Poileasaidh agus Dèanadas	2020 agus leantainneach
	Tha labhraiche Gàidhlig ri fhaighinn bhon Chomhairle airson bruidhinn ris na meadhanan.	Aithnich Foghlam Neach-teagasg na Gàidhlig airson bruidhinn ris na meadhanan	Àireamh cothroman airson labhraiche Gàidhlig dèanamh ceangail ris na meadhanan	Poileasaidh agus Dèanadas agus Seirbheisean-foghlaim	2020 agus leantainneach

Mìr-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
Stuth ann an clò:					
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Àir a Deas a thaobh foillseachadh stuth ann an clò ann an Gàidhlig				
Prìomh raointean-leasachaidh	Cùm oirnn a' toirt seachad eadar-theangachadh sgrìobhainnean air iarrtas bho dhaoine a' fuireach ann an Siorrachd Àir a Deas (mar a chuirear air adhart air gach prìomh sgrìobhainn aig a' Chomhairle).	Thèid gach iarrtas airson stuth air eadar-theangachadh a choileanadh	Àireamh nan iarrtasan airson eadar-theangachaidhean Gàidhlig	Poileasaidh agus Dèanadas	2020 agus leantainneach

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
Làraichean-lìn:					
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Àir a Deas a thaobh foillseachadh ann an Gàidhlig air an làrach-lìn aice				
Prìomh raointean-leasachaidh	Bheir earrann Co-ionannachd is Eugsamhlachd làrach-lìn na Comhairle seachad fiosrachadh Gàidhlig gu dà-chànanach.	Fiosrachadh dà-chànanach taobh a-staigh duilleag-lìn Co-ionannachd is Eugsamhlachd	Fios agus cothrom air Duilleag-lìn Co-ionannachd is Eugsamhlachd dà-chànanach	Poileasaidh agus Dèanadas	2020 agus leantainneach
	Thèid an Goireas Gàidhlig taobh a-staigh earann Co-ionannachd agus Eugsamhlachd làrach-lìn agus eadrlion "Re-Wired"/"The Core" na Comhairle ùrachadh agus a chumail suas.	Cothrom air goireas Gàidhlig air an làrach-lìn air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.	Goireas Làrach-lìn air a lìonadh le fiosrachadh Gàidhlig nua-aimsireil	Poileasaidh agus Dèanadas	2020 -2025

Development Function	Actions	Targets	Performance Indicators	Lead Officer	Timescale
Taisbeanaidhean:					
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Àir a Deas mu ullachadh Gàidhlig ann an Ealain is Cultar				
Prìomh raointean-leasachaidh	Thoir air adhart cur a-steach na Gàidhlig san taisbeanadh sheasmhach is shealach againn agus air bileagan is fiosrachadh air cruinneachaidhean	Thèid bileagan nan dealbhan ann an taisbeanadh Thòmais Seannsair a chur ann an Gàidhlig	Bileagan dealbhan taisbeanadh Thòmais Seannsair, Dealbhan Taisbeanadh OS agus stiùireadh is fiosrachadh mu na cruinneachaidhean rim faotainn gu dà-chànanach.	Seirbhis Cultar agus Spòrs	2020 agus leantainneach



11 Luchd-obrach

Cion-fàth: Gus seirbheisean a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, feumar sgilean-obrach is sgilean-cànain an luchd-obrach a leasachadh. Toirt ionnsachaidh sa chànan don luchd-obrach gus ionnsachadh Gàidhlig do dh'inbhe a chur air adhart agus Gàidhlig a chur air adhart mar sgil feumail san àite-obrach. Cuidichidh sònrachadh obraichean far a bheil feum air Gàidhlig gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri bhith ga sònrachadh mar sgil deimhinneach ri thogail.

Cuidichidh cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd gus aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh anns an t-saoghal phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach. Ge b' e dè an ìre de sgilean Gàidhlig a tha dhìth tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach

gu bheil Gàidhlig na riatanas-obrach ann an da-rìribh. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais cuspaireach agus an cur an sàs anns gach cùis gu cothromach agus gu seasmhach agus na feumalachdan sònraichte mun dreuchd a nochdadh.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail air cho cudromach agus a tha e a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil cudromach ann an obair agus sònrachadh shuidheachaidhean far am bi miann no feum air a bhith ga cleachdadh. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail cuideachd air cho cudromach agus a tha e a bhith a' cur air chomas don luchd-obrach na sgilean aca a leasachadh ma bhios iad ag iarraidh a leithid a dhèanamh.

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
-----------------	----------	------------	----------------	------------------	----------

Trèanadh (a' gabhail a-steach cur ri eòlas is mothachadh air a' Ghàidhlig):

Cleachdadh an-dràsta Chan eil Comhairle Àir a Deas a' dèanamh ullachaidh sam bith a thaobh luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig agus chan eil dealbh comas-cànain den luchd-obrach aice.

Priomh raointean-leasachaidh	Nì sinn darna sgrùdadh air comas-cànain an luchd-obrach againn mar chuid den sgrùdadh air luchd-obrach gus comas an luchd-obrach ann an cànanan air feadh na Comhairle an-dràsta a shònrachadh, Gàidhlig nam measg agus cruinnichidh sinn fiosrachadh air adhartas leasachadh sgilean cànan an luchd-obrach.	Nì an luchd-obrach air fad an sgrùdadh air sgilean-cànain gus dealbh cruinn a thoirt de sgilean-cànain an luchd-obrach.	Àireamh an luchd-obrach a lìonas an sgrùdadh air comas-cànain	Seirbheisean Luchd-obrach agus Luchd-chleachdaidh	2022
	Solaraidh sinn fiosrachadh air a' Ghàidhlig / clasaichean na Gàidhlig dhan a h-uile neach-obrach air an Eadra-lìon / COAST / GLOW	Tha goireas Gàidhlig agus fiosrachadh chànain leasaichte.	Tha fiosrachadh air a' Ghàidhlig & clasaichean cànan ri fhaighinn air ùrlaran iomchaidh.	Buidhnean-stiùiridh agus Seirbheisean-foghlaim	2020 air adhart
	Cuiridh sinn taic do luchd-obrach an sàs ann an lìbhrigeadh foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig gus na sgilean cànan aca leasachadh.	Cuiridh an fheadhainn an sàs ann an lìbhrigeadh Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig ris na sgilean Gàidhlig aca.	Thèid Leasachadh Pearsanta an luchd-obrach a thoirt air adhart.	Seirbheisean-foghlaim	Fhad 's a bhios am Plana ann

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
-----------------	----------	------------	----------------	------------------	----------

Fastadh:

Cleachdadh an-dràsta Chan eil Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' measadh phost a rèir sgilean Gàidhlig.

Priomh raointean-leasachaidh	Thèid dreuchdan / puist a mheasadh mar phuist far a bheil Gàidhlig deatamach / ion-mhiannaichte	Dreuchdan / puist gam measadh mar phuist far a bheil Gàidhlig deatamach / ion-mhiannaichte	Dealbhan-obrach gus leigeil fhaicinn a bheil Gàidhlig deatamach / ion-mhiannaichte	Employee and Customer Services	2020 air adhart
-------------------------------------	---	--	--	--------------------------------	-----------------

Mir-leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean	Oifigear an Urra	Raon-ama
-----------------	----------	------------	----------------	------------------	----------

Sanasachd:

Cleachdadh an-dràsta Chan eil puist sam bith air a bhith aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas far a bheil feum air sgilean Gàidhlig.

Priomh raointean-leasachaidh	Nochdaidh sanasan-obrach airson dreuchdan Gàidhlig gu dà-chànanach agus bheir iad fios seachad mun fheum air eòlas air a' Ghàidhlig agus fileantachd innte	Bheir sanasan-obrach airson dreuchdan Gàidhlig fios seachad mun fheum air eòlas air a' Ghàidhlig agus fileantachd innte	Àireamh nan sanasan airson dreuchdan Gàidhlig a' toirt fios seachad mun fheum air eòlas air a' Ghàidhlig agus fileantachd innte	Seirbheisean Luchd-obrach agus Luchd-chleachdaidh	2020 air adhart
-------------------------------------	--	---	---	---	-----------------

12 Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig: A' Toirt Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig gu Buil

Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig:

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas ag aithneachadh gun tèid na diofar raointean tàbhachdach air an sònrachadh ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a thoirt gu buil tron Phlana Gàidhlig againn an toiseach ach gun èirich cothroman gus an cànain a chur air adhart is a leasachadh tro cheuman-poileasaidh a tha ann mar-thà.

Nì Comhairle Siorrachd Àir a Deas sgrùdadh air na rùintean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta far am faodar Gàidhlig a chur a-steach gu ro-ghnìomhach agus tàbhachdan Plana

Cànain Nàiseanta Gàidhlig a thòiseachadh tro mhodhan a bharrachd. Tha sinn a' meas an leasachaidh seo a rèir prionnsapal a' ghnàthachaidh aig a bheil mar amas Gàidhlig a thoirt a-steach mar chuid de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir cinnteach gum bi a' bhuidhe air a' Ghàidhlig air an aon rèir ri Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig.

Sealladh farsaing air Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig

Tha Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ag aithneachadh ceithir mìrean ceangailte a bhuineas ri leasachadh-cànain air an fheumar aghaidh a thoirt, agus nam broinn tha e a' nochdadh caochladh raointean-gnìomha tàbhachdach:

1. Togail a' Chànain

A' cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànain a chur a-null ann an teaghlachan agus a' daingneachadh chothroman èifeachdach gus Gàidhlig ionnsachadh le bhith:

- a' cur ri cleachdadh is sgapadh na Gàidhlig anns an dachaigh
- a' cur ri àireamh na cloinne a bhios a' gabhail Gàidhlig anns an sgoil
- a' cur ri gabhail ri agus cothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- a' cur ri àireamh nan inbheach ag ionnsachadh Gàidhlig a bheir a-mach fileantachd

2. Cleachdadh a' Chànain

A' brosnachadh barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig, a' toirt seachad chothroman gus a cleachdadh, agus a' cur air adhart chothroman air cainnt Ghàidhlig, le bhith:

- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam aig an treas ìre agus ann an àiteachan-obrach
- a' cur ri ìre na Gàidhlig anns na meadhanan
- a' cur ri adhartachadh na Gàidhlig anns na h-ealain
- a' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig anns na roinnean ri turasachd, dualchas agus cur-seachadan

3. Inbhe a' Chànain

A' cur ris an ìre de Ghàidhlig a chithear is a chluinnear, a' toirt barrachd aithneachaidh dhi agus a' cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach airson na Gàidhlig anns an t-saoghal phoblach, le bhith:

- a' cur ri àireamh nam buidhnean a chruthaicheas Planaichean Gàidhlig
- a' cur ri ìomhaigh is cliù na Gàidhlig
- a' cur ris an ìre de Ghàidhlig a chithear is a dh'aithnichear

4. Corpas a' Chànain

A' neartachadh buntainneachd is cunbhalachd na Gàidhlig agus a' cur rannsachaidh air a' chànain air adhart, le bhith:

- a' cur ri buntainneachd is cunbhalachd na Gàidhlig
- a' cur ri càileachd is ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- a' cur ri cothroman ri fiosrachadh-rannsachaidh cruinn

Rùn ri Amasan Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig

Dh'obraichidh Comhairle Siorrachd Àir a Deas anns na còig bliadhnaichean roimhe gus taic a thoirt do amasan a' Phlana Nàiseanta a leanas agus chaidh na gnìomhan sònraichte airson gach amas air an stèidheachadh anns an earann seo:



13 Togail a' Chànain

13.1 Cion-fàth

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail ma tha seasmhachd gu bhith an dân don Ghàidhlig gun fheum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gun fheumar cuideam a chur air ionnsachadh anns an dachaigh, ann am foghlam agus le inbhich mar dhòighean bunaiteach gus seo a thoirt gu buil. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas agus cuidichidh sinn gus àrainneachd a chruthachadh gus fàs a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

13.2 Gàidhlig anns an Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean

Gus àrdachadh air luchd-labhairt na Gàidhlig a thoirt gu buil, bidh feum air taic anns an dachaigh agus nan gabhadh e dèanamh bho bhuill den teaghlach aig a bheil Gàidhlig. Chan eil an taic seo, ge-tà, aig a' chuid as motha de chlann-sgoile ann an Siorrachd Àir a Deas agus nì sinn ceangal ri Bòrd na Gàidhlig gus deagh-chleachdadh ionnsachadh agus sinn a' gabhail beachd air a' cheist seo.

Gnìomh	Raon-ama	Roinn(ean)
1. Bidh amas againn air pàirteachas nam pàrant/luchd-cùraim ann an gnìomhachasan gus an cuideachadh an eòlas agus tuigse a' Ghàidhlig aca fhèin leasachadh tron clann aca agus gus seo a glèidheadh san taigh.	2020-2025	Seirbheisean-foghlaim
2. Leasaichidh sinn goireasan gus gnìomhachasan san taic a chuideachadh agus cleachdaidh sinn nam meadhanan sòisealta gus gnìomhachasan agus tachartasan na Gàidhlig a bhrosnachadh	2020 air adhart	Seirbheisean-foghlaim
3. We will build capacity amongst early years practitioners across the authority to support them to become more confident in using Gaelic Medium in day to day practice, supported by the peripatetic early years practitioner. thoirt dhaibh a bheil nas misneachail ann an cleachdadh na Gàidhlig bho latha gu latha, le taic bhon neach-obrach-siubhail nan tràth-bhliadhna.	2020 -2025	Seirbheisean-foghlaim

Gàidhlig ann am Foghlam

13.3 An-dràsta chan eil ullachadh sam bith ann am Foghlam Gàidhlig leis a' Chomhairle sna bun-sgoiltean, sna h-àrd-sgoiltean no ann am foghlam do dh'inbhich agus chan eil iartasan air a bhith ann airson an leithid o chionn grunnan bliadhnaichean. Is iad na h-ullachaidhean a tha ann an-dràsta, an crochadh air iartas soirbheachail airson maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba airson tidsear Gàidhlig, nan robh iartas ann airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, gun toireadh a' Chomhairle còmhdhail seachd airson clann-sgoile gu sgoil aig Comhairle Sgìre Àir an Ear.

13.4 A' togail air an obair Ionnsachadh-cànain na Gàidhlig le Seirbheisean-foghlaim anns a' Phlana mu dheireadh, tha amas ann anns na còig bliadhnaichean romhainn gus ionnsachadh a chumail suas agus a leudachadh anns an dà bhagaid Acadamaidh agus gus Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Tràth-bhliadhnaichean.

Gnìomh	Raon-ama	Roinn(ean)
1. Cumaidh sinn lìbhrigeadh na Gàidhlig taobh a-staigh bagaidh Acadamaidh Banrigh Maighread, agus stèidhichidh sinn ionnsachadh na Gàidhlig taobh a-staigh na bagaidh Inbhir Gharbhain.	2020-2025	Seirbheisean-foghlaim
2. Bheir sinn taic do lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig airson clann aig aois 2-5, an tòiseach ann an sgìrean airceas ann an Siorrachd Àir a Deas, a' dèanamh ceangal leis an obair leantainneach taobh a-staigh Ionadan Tràth-bhliadhnaichean ceangailte ri Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.	2020 onwards	Seirbheisean-foghlaim
3. Bheir sinn cothrom do Ionadan Tràth-bhliadhnaichean tarsaing an ùghdarras gus pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh na Gàidhlig	2020 -2025	Seirbheisean-foghlaim
4. Nì sinn co-chomhairleachadh le pàrantan/luchd-cùraim gus faighinn a-mach ma tha ùidh ann airson GME a stèidheachadh ann an Siorrachd Àir a Deas	An Dàmhair 2020	Seirbheisean-foghlaim

14 Cleachdadh a' Chànain

Cion-fàth:

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail gun fheum cruthachadh seasmhachd airson Gàidhlig chan e a-mhàin cur ri àireamh nan daoine a tha comasach air an cànan a bhruidhinn ach cur ri cleachdadh fhèin. Tha sinn mothachail air cho cudromach agus a tha e cur air chomas do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar am modh-conaltraidh àbhaisteach agus is fheàrr leotha ann an raon farsaing de dh'obraichean làitheil.

Raon	Gnìomh	Raon-ama	Roinn(ean)
A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	Nì sinn ùrachadh agus meudachadh nan goireasan Gàidhlig ri fhaighinn ann an Àrd-sgoiltean tro Dòigh-rianachd nan Leabharlannan. Brosnaichidh sinn farsaingeachd nan dreuchdan agus cothroman air solarachadh dhan fheadhainn aig a bheil a' Ghàidhlig.	2020-2025 Lùn. 2020 air adhart	Seirbheisean-foghlaim
	Obraichidh sinn còmhla ri òganaich gus goireas chorporra a dheilbheadh agus a thogail gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh ri òganaich ann an sgoiltean, a' choimhearsnachd air fad agus ann an leabharlannan.	2020 -2021	Eaconamaidh, Nàbaidheachd agus Àrainneachd
A' cur ri ìre na Gàidhlig anns na meadhanan	Sgaoilidh a' Chomhairle fios mu shoirbheachadh agus mu thachartasan ceangailte ri Gàidhlig agus bheir sinn cothrom air stuth-sanasachd air Làrach-lìn agus eadra-lìon na Comhairle.	2020 – 2021 agus air adhart	Poileasaidh agus Dèanadas



Raon	Gnìomh	Raon-ama	Roinn(ean)
A' cur ri adhartachadh na Gàidhlig anns na h-ealain, ann an cultar, dualchas agus turasachd	<p>Gabhaidh sinn tionnsgnaidhean os làimh anns na Seirbheisean Cultar agus Spòrs againn ri linn don Phlana seo a bhith ann, leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> Cuiridh sinn piseach air stòras nan stuthan tro Mheadhan na Gàidhlig a th' againn ann an Leabharlannan Siorrachd Àir a Deas, a' gabhail a-steach stuthan airson ionnsachadh na Gàidhlig. Dh'obraichidh sinn air solarachadh Leabhraichean-dealain na Gàidhlig le luchd-solair nan leabhraichean-dealain againn. Ni sinn cinnteach gu bheil Pasgain Book Bug fhathast rim faotainn agus brosnachidh sinn iad le com-pàirtichean. Cumaidh sinn oirnn goireasan-fiosrachaidh Bòrd na Gàidhlig a thogail agus ùrachadh agus a sgaoileadh gu poblach ann an cruthan furasta tron Cyber Centre agus na 11 leabharlannan anns a bheil innealan air a bheil cothrom poblach. Thèid goireasan Gàidhlig a bharrachd ri fhaighinn ann an Àrd-sgoiltean tro Dòigh-rianachd nan Leabharlannan. Ni sinn oidhirp gus iarrtasan maoineachaidh a dhèanamh gus taic a thoirt do Luchd-labhairt na Gàidhlig ann an dol gu Club Còmhraidh na Gàidhlig festivals. Ni sinn oidhirp gus feasgaran ceòl na Gàidhlig solarachadh ann an Leabharlann Charnegie agus Gailearaidhean Taigh Rozelle. Obraichidh Neach-stiùiriche nan Leabharlannan le co-obraichean ann an Cultar agus Spòrs agus Seirbheisean-foghlaim gus taic a thoirt do cho-iomairtean agus tachartasan gus a' Gàidhlig a leasachadh. Ni Leabharlannan cinnteach gum bi cothrom air fiosrachadh a thathar a' toirt seachad ann an cànanan eile an-dràsta sa Ghàidhlig cuideachd. Bidh seirbhisean nan taigh-tasgaidh a' toirt air adhart cur a-steach na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean sheasmhach is shealach a' Chomhairle agus air bileagan is fiosrachadh air cruinneachaidhean. Beachdaichidh sinn air ciamar am faodar Gàidhlig a bhrosnachadh aig Gailearaidhean Taigh Rozelle ann an Allmhaigh agus Institiud MhicEachairne ann an Inbhir Gharbhain, ann an co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig. Obraichidh sinn gus ceòl agus oirfideas na Gàidhlig ann am fios mu thachartasan far a bheil ceòl iomchaidh agus thèid fios fhoillseachadh mu tachartasan cultarach agus fèisean ciùil traidiseanta aig ìre nàiseanta. 	2020 air adhart	Eaconamaidh, Nàbaidheachd agus Àrainneachd

15 Inbhe a' Chànain

Cion-fàth:

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail gu bheil an inbhe a tha aig cànan fo bhuaidh aig mar a tha e san àrainneachd làitheil agus an ìre dham bheilear ga chleachdadh, ga luachadh is ga meas leis na buidhnean sin a bheir bhuaidh chudromach air ar beatha làitheil.

Raon	Gnìomh	Raon-ama	Roinn(ean)
Ullachadh Plana Gàidhlig	Plana air a chur ri chèile, air aontachadh leis a' Chomhairle agus Bòrd na Gàidhlig.	Gearr. 20 – Dàmh. 2020	Poileasaidh agus
Ìomhaigh dheimhinneach a chruthachadh airson na Gàidhlig	Dèan cinnteach gun tèid gnìomhachdan is soirbheachadh Gàidhlig a leasachadh airson nam meadhanan agus fhoillseachadh ann an cuairt-litrichean is conaltradh agus air làrach-lìn na Comhairle. Cuiridh Fòram Co-ionannachd agus Eugsamhlachd agus Gaisgich Co-ionannachd taic ri cur ri mothachadh mun Phlana Ghàidhlig air feadh na Comhairle	2020 agus leantainneach	Dèanadas
Cuir ri faicsinneachd na Gàidhlig	A bharrachd air na tha ann gu h-àrd, leasaich goireas Gàidhlig air an eadar-lìon is an làrach-lìn air am bi rannsachadh, fiosrachadh agus gnìomhachd Ghàidhlig.	2020-2025	Poileasaidh agus Dèanadas
Gàidhlig sna h-Ealain	Cruthaichidh sinn ceanglaichean agus obraichean sinn le buidhnean saor-thoileach Gàidhlig gus Gàidhlig a chur air adhart gu foirmeil ann an Seirbheis nan Taighean-tasgaidh is nan Gailearaidhean againn, le iomradh air ceòl is oirfideas Gàidhlig ann am fios mu thachartasan far a bheil ceòl iomchaidh. Gàidhlig a thoirt a-steach air comharraidhean is fiosrachadh nan dealbhan sna cruinneachaidhean seasmhach is sealach againn.	2020 agus leantainneach	Eaconamaidh, Nàbaidheachd agus Àrainneachd

16 Corpas a' Chànain

Cion-fàth:

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas mothachail air an fheum a tha ann buntainneachd is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach agus a tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a cheadachadh agus rannsachadh air a' chànain a chur air adhart.

Raon	Gnìomh	Raon-ama	Roinn(ean)
Suirbhidhean agus Rannsachadh	Dèan cinnteach gun tèid fiosrachadh, rannsachadh is fianais mun Ghàidhlig a sgaoileas Bòrd na Gàidhlig a thoirt do sheirbheisean.	2020-2025	Poileasaidh agus Dèanadas
Buntainneachd agus Co-sheasmhachd na Gàidhlig	Dèan cinnteach gun cùm luchd-cunraidh eadar-mhìneachaidh is eadar-theangachaidh ri Gnàthachadh-litreachaidh ùr na Gàidhlig agus gun cùm ainmean-àite ris an fheadhainn a mholas Ainmean-àite na h-Alba.	2020 agus air adhart	Poileasaidh agus Dèanadas
Eadar-theangachadh is Eadar-mhìneachadh Gàidhlig	Cumaidh sinn oirnn a' toirt seachad seirbheisean eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh tro luchd-solair air an taobh a-muigh a rèir mar a dh'iarrar.	2020 agus leantainneach	Buidhnean-stiùiridh agus Seirbheisean-foghlaim

17 Toirt Gu Buil Agus Dearcnachadh

Raon-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad còig bliadhnaichean bho 27mh An Dàmhair 2020 no gus a bheilear air plana ùr a chur an alt. Ann an Caibideil 2 – Gealltanasan Bunaiteach agus Caibideil 3 – Buidh a Thaobh Poileasaidh air Gàidhlig, bhathar a' nochdadh cinn-latha nan targaidean sònraichte air am bithear an dùil rùinteansònraichte a thoirt gu buil.

A' Foillseachadh a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Inbhir Àir a Deas fhoillseachadh anns an dà chànain air làrach-lìn a' Chomhairle. Cuideachd, nì sinn na leanas:

- brath-naidheachd a thoirt a-mach le fios mun phlana;
- cothrom a thoirt air lethbhric den phlana sna h-oifisean poblach agus sna h-àrainnean-fàilteachaidh againn;

- am plana a chur air shùilean don luchd-obrach tro Eadra-lìon Comhairle Siorrachd Àir a Deas;
- lethbhric den phlana a thoirt do Bhuidhnean Poblach Neo-roinneil, do bhuidhnean-gnìomha, luchd-gnìomha agus luchd-cunnraidh a rèir mar a tha iomchaidh;
- lethbhric den Phlana a thoirt do dh'eagrachaidhean Gàidhlig;
- lethbhric den Phlana a thoirt do buidhnean eile aig a bheil ùidh; agus
- lethbhric a thoirt a-mach nuair a thèid an iarraidh, agus ann an caochladh chruthan, mar sa Chlò Mhòr, Stuth-èisteachd agus an leithid.

Ullachaidhean a thaobh Rianachd gus am Plana Gàidhlig a thoirt gu buil

Is e am plana seo poileasaidh Comhairle Siorrachd Àir a Deas agus fhuair e taic an dà chuid bhon sgioba-rianachd chorpóra agus bho bhuill na Comhairle.

Uallach anns an Fharsaingeachd

Bidh e an urra air a' cheann thall ris na Buill Taghte agus ris a' Cheannard dèanamh cinnteach gun libhrig a' Chomhairle air na rùintean am broinn a' phlana seo.

Buill air leth den Luchd-obrach

Cuiridh sinn fiosrachadh mun Phlana Ghàidhlig air:

- Bòrd-brath an Luchd-obrach gu lèir,
- Cumhaichean Luchd-obrach far a bheil e iomchaidh agus
- Earrann Co-ionannachd is Eugsamhlachd na làraich-lìn agus eadra-lìon "The Core" le ceangal iomchaidh ri earrann luchd-obrach.

Seirbheisean air an libhrigeadh le treas pàrtaidhean

Bidh Comhairle Siorrachd Àir a Deas gach treas buidheann nan luchd-solair sheirbheisean gèilleadh don Ro-innleachd

Ceannaich aice a chuireas dleastanas air luchd-solair gèilleadh don reachdas a tha ann an-dràsta, reachdas chòraichean daonna agus Achd Co-ionannachd 2010 san àireamh

A' toirt fios do bhuidhnean eile mun Phlana

Thèid fiosrachadh mu na tha am broinn a' phlana seo do na Com-pàirtichean uile Ri Dealbhadh-coimhearsnachd air feadh Comhairle Siorrachd Àir a Deas. Thèid a thoirt cuideachd do gach Comhairle-coimhearsnachd, Fòram Co-ionannachd is Eugsamhlachd, Gaisgich Co-ionannachd, agus fòraim eile a rèir mar as iomchaidh. Mar eisimpleir, fhuair Buidhnean Leasachaidh Sgìreil fios mu Plana Gàidhlig na Comhairle, adhartas suas dhan latha agus am pàirt a th' aca ann an planaichean san àm ri teachd anns an taisbeanadh Co-ionannachd is Eugsamhlachd a chaidh libhrigeadh do gach buidheann mar pàirt prògram coinneamhan tòiseachaidh ann an 2016-2017.

A' maoineachadh a' Phlana

Thèid gach gealltanais, gnìomh agus gnìomhachd anns a' phlana seo a mhaoineachadh tro bhuidhean nan seirbheisean an-dràsta. Thèid cothrom fhaighinn air barrachd maoineachaidh airson phròiseactan sònraichte tro bhuidhnean-maoineachaidh air an taobh a-muigh a rèir mar as iomchaidh, mar eisimpleir Bòrd na Gàidhlig agus Awards for All.

Dearcnachadh adhartas a' Phlana

Thèid am Plana a dhearcnachadh gach ràith tro siostam rianachd dèanadas a' Chomhairle, Pentana. Nì seo cinnteach gun tèid gnìomhan a thoirt do oifigearan iomchaidh agus gum bi àite ann airson leantanas adhartais, gu neo-eisimeileach bho luchd-obrach agus atharraichean structar a' bhuidheann. Thèid aithisgean adhartais bliadhnaidh ullachadh an uair sin agus an cuir a-steach airson aonta dhan Phanail Ceanardas agus bhon sin thèid an aithisg a chur go Bòrd na Gàidhlig airson fiosrachadh agus fhoillseachadh air làrach-lìn na Comhairle.

18 Fios thugainn

Is e an t-oifigear as àirde dreuchd le uallach-obrachaidh airson ullachadh, lìbhrigeadh is dearcnachadh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Deas:

Kevin Anderson

**Neach-stiùiridh an t-Seirbhis
(Dèanadas, Poileasaidh & Dealbhadh-
coimhearsnachd)**

Comhairle Siorrachd Àir a Deas
Talla Bùirdeasaich,
2-6 An Crois,
Prestabhaig,
KA9 1AN

☎ 01292 612982

✉ kevin.anderson@south-ayrshire.gov.uk

***Bu chòir ceistean mu obrachadh a'
phlana bho latha gu latha a sheòladh gu:***

Co-ionannachd Siorrachd Àir a Deas
Comhairle Siorrachd Àir a Deas
Talla Bùirdeasaich,
2-6 An Crois,
Prestabhaig,
KA9 1AN

✉ equalities@south-ayrshire.gov.uk

Eàrr-ràdh 2

Measadh Buaidh Co-ionannachd - Comhairle Siorrachd Àir a Deas

1. Mion-fhios an Iarrais

Tìotal an Iarrais Plana Gàidhlig 2020-2025	Oifigear an Urra Kevin Anderson
--	---

2. Dè na coimhearsnachdan, buidhnean dhaoine, luchd-obrach no buidhnean cuspaireil aig a tha no a bhios sibh a' smaoinneachadh gum bi buaidh bho toirt gu buil an iarrais seo? Nach canaibh ma 's e buaidh math no dona a bhios ann.

Coimhearsnachd, Buidhnean dhaoine no Cuspairean	Buidhean Dona	Buidhean Matha
Coimhearsnachd slàn Siorrachd Àir a Deas		
Daoine bho cinneadhan eadar-dhealaichte, eitnigeach no bunadh nàiseanta.		X
Boireannaich agus/no fir (balaich agus nigheanan)		
Daoine le ciorram		
Daoine bho buidhnean aoise mar eisimpleir seann dhaoine, clann agus òganaich		
Daoine a tha nan leasbach, gèidh, dà-sheòrsach is iol-ghnèitheach		
Daoine a bhios, a tha no a bha a' dol tro pròiseas airson atharrachadh gnè		
Boireannaich troma agus màthraichean ùra		
Daoine a tha pòsta no ann an com-pàirteachas sìobhalta		
Daoine aig a bheil creideamh no cràbhachd sònraichte		
Buidhnean Cuspaireil: Slàinte, Còraichean Daonna, Cùisean Dùthchail agus Airceas.		

3. A bheil fianais no adhbhar agaibh gum bheir an iarrtas taic dhan Chomhairle ann an:

Dleastanasan Seanalair agus Cuspairean Co-ionannachd eile	Ìre Buaidh Math agus/no Dona (àrd, meadhanach no ìseal)
Leth-bhreith agus sàrachadh air beulaibh coimhearsnachdan no buidhnean sònraichte a ghearradh às	
Co-ionannachd cothroman eadar coimhearsnachdan no buidhnean sònraichte a bhrosnachadh	Math ìseal
Dàimhean matha eadar coimhearsnachdan no buidhnean sònraichte a neartachadh	Math ìseal
Beachdan matha ro choimhearsnachdan no buidhnean diofraichte a bhrosnachadh	
Pàirteachas coimhearsnachdan no buidhnean sònraichte ann am beatha phoblach a meudachadh	Math ìseal
Slàinte agus sunnd coimhearsnachdan no buidhnean sònraichte fheabhasachadh	Math ìseal
Còraichean daonna coimhearsnachdan no buidhnean sònraichte a bhrosnachadh	
Dèiligeadh leis an airceas air beulaibh coimhearsnachdan	
no buidhnean sònraichte	

4. S Geàrr-mheasadh

A bheil Measadh Buaidh Co-ionannachd slàn riatanach? (Feumar EIA slàn a dhèanamh air a h-uile iarrtas aig ìrean bhuidh àrd agus meadhanach)	THA <input type="checkbox"/>	CHAN EIL <input checked="" type="checkbox"/>
Cion-fàth an co-dhùnaidh:		
Ainm-sgrìobhte..... Ceannard an t-Seirbhis		
Ceann-latha:	Leth-bhreac gu: equalities@south-ayrshire.gov.uk	

This information can be made available, on request, in braille, large print or audio formats and can be translated into a range of languages. Contact details are provided below.

درخواست کرنے پر یہ معلومات نابینا افراد کے لئے ابھرے حروف، بڑے حروف یا آڈیو میں مہیا کی جاسکتی ہے اور اسکا مختلف زبانوں میں ترجمہ بھی کیا جاسکتا ہے۔ رابطہ کی تفصیلات نیچے فراہم کی گئی ہیں۔

本信息可应要求提供盲文，大字印刷或音频格式，以及可翻译成多种语言。以下是详细联系方式。

本信息可應要求提供盲文，大字印刷或音頻格式，以及可翻譯成多種語言。以下是詳細聯繫方式。

ਇਹ ਜਾਣਕਾਰੀ ਮੰਗ ਕੇ ਬੋਲ, ਵੱਡੇ ਅੱਖਰਾਂ ਅਤੇ ਸਣਨ ਵਾਲੇ ਰਪ ਝਚ ਵੀ ਲਈ ਜਾ ਸਕਦੀ ਹੈ, ਅਤੇ ਇਹਦਾ ਤਰਜਮਾ ਹੋਰ ਬੋਲੀਆਂ ਝਚ ਵੀ ਕਰਵਾਇਆ ਜਾ ਸਕਦਾ ਹੈ। ਸੰਪਰਕ ਕਰਨ ਲਈ ਜਾਣਕਾਰੀ ਹੇਠਾਂ ਵੱਲੀ ਗਈ ਹੈ।

Niniejsze informacje mogą zostać udostępnione na życzenie w alfabecie Braille'a, w druku powiększonym lub w formacie audio oraz mogą zostać przetłumaczone na wiele języków obcych. Dane kontaktowe znajdują się poniżej.

Faodar am fiosrachadh seo fhaighinn, le iarrtas, ann am braille, clò mòr no clàr fuaim agus tha e comasach eadar-theangachadh gu grunn chànanan. Tha fiosrachadh gu h-ìosal mu bhith a' cur fios a-steach.

Comhairle Siorrachd Àir a Deas
Ionad-conaltraidh an Luchd-chleachdaidh
0300 123 0900